



## Ceistean

### Thoir sùil air paragraf 1.

#### 1 (a) Beachdaich air structair nan seantansan sa pharagraf seo.

*Tha tòrr fiosrachaidh air a thoirt dhuinn ann an liosta fhada, le tòrr chromagan.*

#### (b) Dè a' bhuaidh a th' aig structair mar seo?

*Tha an cruth mar liosta fhada a' toirt fa-near dhuinn gu bheil i a' smaointinn mun liuthad rud a bhios i ris nuair a ruigeas i Glaschu. Tha fadachd oirre gus am faigh i saorsa na rudan seo a dhèanamh. Tha an structair a' dèanamh follaiseach dhuinn gu bheil mòran rudan ann an inntinn Naomi a gheibh i a dhèanamh nuair a gheibh i saorsa.*

#### 2. Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mun dòigh sa bheil am paragraf seo a' tòiseachadh?

*Tha e a' tòiseachadh le seantans uabhasach ghoirid "Chlìsg i."*

#### (b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

*Tha seo èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughdair gu na briathran sin gu sònraichte. Tha e a' togail ùidh an leughdair seach nach eil e air innse carson a chlìsg i, agus air sàillibh seo, tha sinn a' leughadh an ath sheantans gu dlùth.*

### Thoir sùil air paragraf 5.

#### 3. "le blàthachadh deoch oirre"

**Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn?****Thoir sùil air paragraf 6.****4. (a) Dè am meatafor a tha a' nochdadh sa pharagraf seo?**

*“chaidh i na bior rèite”*

**(b) Dè a' bhuidhe a th' aig a' mheatafor seo?**

*Tha am meatafor seo a' toirt fa-near don leughadair an t-eagal a th' air Naomi. Tha e a' togail dealbh dhith na suidhe ann an cùl an tagsaidh agus cus eagail oirre gluasad. Tha seo èifeachdach a chionn anns na beagan loidhnichean roimhe seo, bha i na boil, a' breabadh nan dorsan agus a' sgreuchail. Ach tha i a-nis socair, sàmhach.*

**Thoir sùil air paragraf 7.**

*“Rinn e gàire fuar, socair”*

**5. Ciamar a tha na briathran seo èifeachdach ann a bhith a' togail dealbh dhuinn air nàdar an dràibheir?**

*Tha am buadhair “fuar” daonnan air a chleachdadh nuair a thathar a' bruidhinn mu neach aig neach eil mòran co-fhaireachdainn ri daoine eile. Tha e cuideachd air a chleachdadh airson dhaoine nach eil faisg air an co-chreutair ann an dòigh sam bith. Tha am facal “socair” a' toirt oirnn smaointinn air neach nach eil a' gabhail dragh no uallach mu rud sam bith ach a tha a' dèiligeadh ri suidheachaidhean gun smachd no ùghdarras a chall air na faireachdainnean aca. Tha am facal “socair” a' toirt nar n-inntinn neach nach dèanadh cron air duine sam bith eile, agus cha do rinn an duine seo cron fiosaigeach air Eilidh co-dhiù. A thuilleadh air an seo, tha am facal “socair” a' dèanamh coimeas eadar an duine seo agus giùlan Naomi aig an àm seo, 's i na boil a' breabadh nan dorsan 's a' bualadh air an uinneig a' feuchainn ri faighinn a-mach às a' chàr.*

**6. “Leig às a' chàr mi sa charachadh! Leig às mi! Fosgail na dorsan!”****(a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?**

*Clisg-phuing às dèidh gach rud a tha Naomi ag ràdh.*

**(b) Dè a' bhuidh a th' aig an innleachd sgrìobhaidh seo?**

*Tha e a' toirt fa-near dhuinn gu bheil Naomi ag èigheach nam briathran seo. Tha seo a' toirt oirnn a thuigsinn mar a tha staid a h-inntinn; mar a tha i troimh-a-chèile agus làn eagail mun t-suidheachadh sa bheil i, glaiste ann an cùl tagsaidh.*

**Thoir sùil air paragraf 12, loidhne 3 agus 4.****7. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?**

*Tha Naomi ga ceasnachadh fhèin na h-inntinn*

**(b) Dè a' bhuidh a th' aig an innleachd sgrìobhaidh seo?**

*Tha e a' toirt fa-near dhuinn nan ceistean a tha ann an inntinn Naomi. Tha na ceistean seo mar shamhla air staid inntinn Naomi – tha iomadh ceist na ceann, ach tha an t-eagal oirre an labhairt. Tha e cuideachd a' togail co-fhaireachadh eadar Naomi agus an leughadair seach gu bheil na h-aon cheistean nar n-inntinn fhad 's a tha sinn a' leughadh.*

**Thoir sùil air paragraf 13, loidhne 4 agus 5.****8. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?**

*Eilipsis*

**(b) Dè a' bhuidh a th' aig an innleachd sgrìobhaidh seo?**

*Tha seo èifeachdach seach gu bheil e a' toirt oirnn a thuigsinn nach eil na smaointean aig Naomi mun seo idir slàn, iomlan. Tha an eilipsis a' sealltainn gu bheil inntinn Naomi a' dol bho aon rud gu rud eile agus a' ceangal nan smaointean oillteil seo ri chèile. Tha a h-inntinn a' ruith bho rud gu rud a chionn 's nach eil fhios aice dè tha a' dol a thachairt – tha beachd aice air na rudan a dh'fhaodadh tachairt, ach chan eil i gu bhith a' smaointinn orra ann an cus doimhneachd seach gu bheil an smuain sin ro eagalach.*

**9. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mun pharagraf seo?**

*'S e paragraf uabhasach ghoirid a tha seo – dìreach aon seantans.*

**(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?**

*Tha seo èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughadair gu na briathran sin gu sònraichte. Tha e a' comharrachadh car san sgeulachd. Tha e a' togail ùidh an leughadair cuideachd le bhith ga chur air bhioran – chan eil fhios againn dè tha a' dol a thachairt às dèidh seo. Tha e a' togail cheistean ann an inntinn an leughadair mu na tha ri thighinn san sgeulachd – a bheil i a' dol a dh'fhaighinn dhachaigh sàbhailte? A bheil e a' dol ga goirteachadh?*

### **Thoir sùil air paragraf 14.**

#### **10. Thoir seachad eisimpleir de dh'fhacal no abairt a tha a' dèanamh soilleir don leughadair gu bheil eagal air Naomi.**

*“(casan) cugallach”*

*“crith (na làmhhan)”*

#### **11. “Suas an staran. Sìos an staidhre. Suas an trannsa”**

**(a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mun structair a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh airson am pìos seo den sgeulachd a chur an cèill.**

*'S e seantansan uabhasach goirid a tha seo. Tha ath-aithris ann de na co-ghnìomhairean “suas” agus sìos”. Tha seo a' cruthachadh dealbh nar n-inntinn air an t-slighe a ghabh Naomi dhachaigh. Tha e a' briseadh na slighe seo sìos ceum air cheum. Tha seo mar shamhla air mar a bha Naomi a' faireachdainn. Bhiodh i air a slighe gu sàbhailteachd agus le gach ceum, bha i a' faireachdainn gun robh i na b' fhaisge air sàbhailteachd agus nas fhaide air falbh bhon chunnart anns an robh i.*

#### **12. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mun dòigh sa bheil am paragraf seo a' crìochnachadh?**

*Tha e a' crìochnachadh le seantans uabhasach ghoirid – dìreach dà fhacal.*

#### **(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?**

*Tha seo èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughadair gu na briathran sin gu sònraichte. Tha na faclan seo mar cho-dhùnadh air an t-suidheachadh aig Naomi. Tha i den bheachd nach bi a beatha an aon rud “gu bràth” tuilleadh. Tha an cruth mar sheantans cho goirid aig deireadh a' pharagraf a' daingneachadh gu bheil Naomi den bheachd gur e co-dhùnadh a tha seo agus nach bi sòlas na beatha gu sìorraidh tuilleadh.*

**13. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha aire Naomi air “cò bha aig an doras”.**

*Tha eagal mòr oirre air sàillibh mar a thachair dhi an oidhche roimhe sin. Ann an aon chluais, tha i a' cluinntinn a màthar ag innse dhi mu a co-ogha a tha air faighinn a-mach à ospadal inntinn agus a tha ag iarraidh coinneachadh rithe ann an Glaschu, agus aig an aon àm ris an seo, tha gnogadh aig an doras. Gun teagamh sam bith, bhiodh i a' faireachdainn caran nearbhasach agus i ann am baile air nach robh i eòlach agus i air a cuartachadh le coigrich. A bharrachd air an seo, tha e inntinneach gur e seo an dàrna turas san sgeulachd a tha iomagain air a bhith oirre mu dheidhinn cò bha a' gnogadh an dorais aice. Ma dh'fhaodte gu bheil i fhathast caran mì-chinnteach às an àite-fuirich ùr aice.*

**14. A bheil thu a' meas tiotal na sgeulachd freagarrach? Mìnich do fhreagairt.**

*Tha an tiotal air leth freagarrach airson na sgeulachd seo. Sa chiad àite, seach gur e dìreach aon fhacal a th' ann, tha e a' togail ùidh an leughadair. Tron sgeulachd, tha sinn a' faighinn cothrom beachdachadh air 'saorsa' bho shealladh fiosaigeach agus bho shealladh meataforaig. Tha sinn a' faighinn a' chiad iomradh air 'saorsa' sa chiad pharagraf nuair a thathar a' faighinn a-mach gum bi Naomi a' dol don oilthigh 's gu bheil i an dòchas gum bi barrachd saorsa aice an uair sin a beatha fhèin a riaghladh.*

*An uair sin, nas fhaide air adhart san sgeulachd, thathar a' faighinn sealladh gu math fiosaigeach air saorsa nuair a tha an dràibhear ga glasadh am broinn an tagsaidh. Tha seo a' toirt air Naomi ceasnachadh a bheil an t-saorsa a bha i a' miannachadh aig toiseach na sgeulachd math dhi – a bheil e math a bhith leat fhèin ann am baile mòr air nach eil thu eòlach, fada air falbh bho luchd d' eòlais.*

*Thathar a' beachdachadh air 'saorsa' de sheòrsa eile, nuair a tha Naomi a' cluinntinn gu bheil a co-ogha air faighinn a-mach à ospadal inntinn. Tha e a' cur uallach air Naomi gu bheil esan a-nis saor agus gu bheil e a' fuireach san aon bhaile rithe.*

*Tron sgeulachd, tha beachd Naomi mu 'shaorsa' ag atharrachadh. Aig an toiseach, 's e rud math a bh' ann na h-inntinn. Ron deireadh, tha i ga fhaicinn mar rud caran eagalach leis gu bheil i a' tuigsinn gu bheil uallach a' tighinn an cois saorsa.*